



Teisteanais  
Nàiseanta  
2023

---

**2023 Gàidhlig**

**Sgrùdadh**

**Advanced Higher**

**Finalised Marking Instructions**

© Scottish Qualifications Authority 2023

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).



## General marking principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (e) Other answers can be accepted than those in the marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term ‘No freagairt sam bith eile a tha ionchaidh’ to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (f)
  - (i) For questions that ask candidates to ‘**Mìnich...**’ or ask ‘**ciamar...**’, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - (ii) For questions that ask candidates to ‘**Seall mar a tha...**’, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - (iii) For questions that ask candidates ‘**Carson, nad bheachd...**’, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates’ evidence.

Teacsa 1 – Ficsean: Bàrdachd

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an duine seo air a dhachaigh fhàgail ('an t-eilean' anns a bheil àrainneachd 'glan') is tha e a-nis a' fuireach ann am 'baile mòr' (air 'taobh thall a' chuain') - baile anns a bheil 'fàileadh' agus a tha 'làn cabhaig'.</li> <li>• Tha an duine air 'eòlas dòighean an t-saoghail' ionnsachadh on a bha e òg san eilean - chan eil e neoichiontach mar a bha e uair / tha e comasach a-nis air a bhith a' coimhead às a dhèidh fhèin.</li> <li>• Tha an abairt 'cainnt do mhàthar' a' toirt am follais dhuinn gur i a' Ghàidhlig a' chiad chànan aige ach, ged a tha i aige fhathast, tha i air fàs rudeigin lapach - 'slaodach'. Tha e soilleir nach bi e ga bruidhinn uabhasach tric.</li> <li>• Tha 'fàileadh a' bhaile mhòir' / 'anail ghlan nad sgamhain' a' sealltainn gu bheil e a-nis air ais ann an àrainneachd neo-thruaillte an taca ri truailleadh a' bhaile mhòir.</li> </ul>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
2.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• ‘le anail ghlan nad sgamhain, - ged a bhiodh an anail seo litireil tha e cuideachd meataforach - tha a bhith air ais san àrainneachd san do dh'àraich e a' toirt air a bhith a' faireachdainn slàn a-rithist.</li> <li>• ‘tha an cianalas a' togail bhua' tha am bard a' cruthachadh ìomhaigh an seo anns a bheil rudeigin (anail) 'glan' a tha e a' gabhail a-steach a' cur às do rud a tha mar uallach a tha trom na bheatha /iomradh air pearsanachd far a bheil an cianalas mar rudeigin beò a tha laighe air.</li> <li>• ‘fuil do chiad ghràidh as ùr a' sruthadh nad chuislean' - tha an ìomhaigh seo làidir leis gu bheil e a' dèanamh ceangal eadar fuil agus dachaigh - mar gu bheil an duine a' cur feum air a dhachaigh ('do chiad ghràidh') gus a bhith beò. Tha a bhith air ais aig an taigh air spionnadh as ùr a thoirt dha bheatha an duine.</li> </ul>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.	<p>Iomhaigheachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an duine a' cèilidh air a chàirdean air an eilean agus tha 'naidheachdan agus sgeulachdan a' siubhal gun stad eadar an àird an iar 's an ear'. Tha am meatafor seo a' sealltainn mar a bhios naidheachdan air an sgaoileadh ann an coimhearsnachdan thall 's a bhos le beul-aithris.</li> <li>• Tha 'cainnt do mhàthar, slaodach, ach a' fas air do theanga a-rithist' a' sealltainn mar a tha an cànan aige a' tighinn thuige gu nàdarra agus ceum air cheum ('gu slaodach').</li> <li>• Tha am bàrd a' cleachdadh sean-fhacal/meatafor ('S binn guth an eòin far an d' rugadh tu') airson sealltainn nach bi eilthireach mar seo nas dòigheil ann an àite sam bith na bhios e na dhachaigh fhèin.</li> <li>• Tha am bàrd a' leantainn air le iomhaigheachd nan eun: 'tha nead eile a dh'fheumas tu blàthachadh'. Tha teaghlach aige sa bhaile mhòr sa bheil e a' fuireach agus 's iad am prìomh dhleastanas a th' aige - feumaidh e coimhead às an dèidh agus chan fhaod e a bhith fada bhon taigh gun chron a dhèanamh orra.</li> </ul> <p><u>Taghadh-facail</u></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an taghadh-facail 'blàths na gàire' a' nochdadh dhuinn gur e suidheachadh dòigheil a th' ann - gu bheil an duine 's a chàirdean toilichte a bhith ann an cuideachd a chèile is iad a' cur eòlas as ùr air a chèile.</li> </ul>	4	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an tuigse a th' aige air an t-saoghal air atharrachadh. Ged a tha an duine seo fhathast a' toirt 'urram do cleachdaidhean 's creideamhan' an eilein fhad 's a tha e san eilean, tha cultar eile air buaidh a thoirt air - 'buinidh a bheatha dhan bhaile' sa bheil e a' fuireach.</li> <li>• Ged a tha an cultar ùr seo air buaidh a thoirt air a dhòigh-beatha, tha an cultar 's an creideamh a bha mun cuairt air nuair a bha e òg fhathast mar phàirt dheth aig ìre gu math domhain - cha bhuin 'anam' dha cultar a' bhaile mhòir.</li> </ul>	2	
5.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gu ruige seo tha am bàrd a' nochdadh toileachas a mhac a bhith air ais ach tha e soilleir gu bheil an neach a' dol a dh'fhàgail a-rithist - 'Is tu a-nis an impis mo chridhe a reubadh as ùr'. Tha na faclan 'as ùr' a' neartachadh gu bheil e caran feargach gu bheil an duine a' fàgail agus ga ghoirteachadh.</li> <li>• Tha 'tha d' àl fhèin' a' sealltainn gu bheil am bàrd farmadach nach eil a mhac a' toirt uimhir feart air seach gu bheil clann aige fhèin a-nis. Tha e air fàs cleachte gu bheil clann air a bhith aige a-rithist airson greis.</li> <li>• Tha am facal 'a' reubadh' cho làidir, breithneachail agus faireachdail taca ris na thuir e roimhe a bha gu math cothromach.</li> <li>• Tha tònna briseadh-dùil ann far a bheil e ag ràdh 'Is tu an sàs eadar dà bhrìgh do bhith' - tha e a' tuigsinn gu bheil beatha eile aige agus chan eil am bard na phàirt cho cudromach a-nis.</li> </ul>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mar a tha ‘an Cuan Siar’ na sgaradh eagalach mòr eadar Ameireaga agus Alba, tha an sgaradh eadar dà theaghlach/dà dhachaigh an duine ann an eilean Albannach agus mòr-bhaile Ameireaganach. Tha an dà sgaradh cho mòr 's nach gabh an toirt ‘a-chaidh còmhla’.</li> <li>• ‘Nach tig a’ chaidh còmhla’ - tha an t-òna gu math eu-dòchasach agus tha e follaiseach gur e briseadh-dùil a th’ ann don bhàrd/tha iorannas ann far a bheil an duine air tighinn dhachaigh ach tha seo air toirt air rudan a bhith nas miosa dhan bhàrd</li> </ul> <p>Teachdaireachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Chan fhaod ach aon dachaigh dòigheil a bhith agad agus feumaidh tu taghadh a dhèanamh air càit a bheil do phrìomhachasan agus ged a tha an t-àite seo air a bhith na phàirt chudromach dha chan eil seo a-nis na dhachaigh</li> <li>• Mar a tha e do-sheachainte gum bi clann a’ fàgail dachaigh agus mar a tha e doirbh dha pàrantan gabhail ris an sin agus an t-atharrachadh a thig air gnothaichean agus an dàimh aca.</li> </ul> <p>Structar</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• 'S e ‘sgaradh’ am facal mu dheireadh anns a’ phìos agus tha seo a’ dèanamh prìomh chuspair na bàrdachd soilleir.</li> </ul>	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Teacsa 2 – Neo-fhicsean: Rosg

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.		<p>Thàinig e am follais gun robh na seann dùthchannan Comannach air a bhith a' cleachdadh dhrogaichean ann an spòrs gus am buannachadh an luchd-spòrs acasan cliù air feadh an t-saoghail.</p> <p>Bha spòrs air a chleachdadh gus poilitigs a bhrosnachadh - bha seo a' tachairt gus feuchainn ri dearbhadh gur e am feallsanachd phoilitigeach acasan an dòigh beatha as fheàrr.</p>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.
8.		<p>A' dèanamh coimeas - eadar na seann-làithean is làithean ùra - mo ghinealaich-se agus òigridh an latha an-diugh - tha seo a' sealltainn mar a tha esan air rudan fhaicinn 's mar sin gu bheil deagh eòlas aige gus beachdachadh air a' chuspair/ adhartas.</p> <p>Taghadh facail - 'gu cunbhalach' / 'gu mionaideach' - ath-aithris is uaim air na co-ghnìomhairean seo gus sealltainn cho teann 's a tha an siostam an-diugh an taca ri mar a bha e anns na seann làithean.</p> <p>Taghadh-facail 'miorbhailean' - a' daingneachadh gur e rud sònraichte a bha ann don t-sluagh agus an sgrìobhadair agus mar a bhathar ga fhaicinn.</p> <p>Taghadh-facail 'beag air bheag' a' sealltainn gun do thachair rudan gu math slaodach ach gun robh adhartas ann.</p> <p>Tha an seantans mu dheireadh ann am paragraf 2 'Bha miorbhailean fhathast a' gabhail àite.' - a' sealltainn air ais agus a' toirt air an leughadair air mar a tha còir aig spòrs a bhith na rud brosnachail/tha gad stiùireadh dhan ath pharagraf.</p>	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>Ceist air a chur air an leughadair a tha gan stiùireadh gu bhith ag aontachadh, 'Dè as cudromaiche ...?' Tha an leughadair air a thoirt a-steach dhan argamaid air taobh an sgrìobhadair a thaobh a bhith dèanamh cinnteach gu bheil cùisean cothromach.</p> <p>Ìomhaigheachd - 'raon-cluiche còmhnard agus cothromach' - gu bheil e a' dèanamh ceangal eadar a' chuspair a tha e a' sgrìobhadh mu dheidhinn agus an dealbh a tha e a' cruthachadh.</p> <p>Beachd pearsanta làidir: 'thill m' ùidh ann an spòrs agus fhuair earbsa a-rithist làmh-an-uachdair air teagamh Tha cùisean air fàs nas fheàrr chun na h-ìre 's gu bheil e air ais an-sàs ann an spòrs a-rithist ach tha e sealltainn gur e slighe fhada a th' air a bhith ann dha.</p>		Gabh ri freagairt iomchaidh eile.
9.		<p>Tha 'crathadh' a' sealltainn gun tug a' chùis sin buaidh agus clisgeadh air daoine an toiseach (a' bruidhinn mu nuair a fhuair e aillse), air sgàth 's gun robh e aithghearr ach b' e rud a bha a' buntainn ri Lance Armstrong fhèin a-mhàin/ris an sgrìobhadair gu pearsanta a bh' ann.</p> <p>Tha barrachd neart air culaibh 'crith-thalmhainn' a' sealltainn gun robh buaidh leantainneach ann agus gun robh buaidh nas motha air saoghal spòrs agus an earbsa agus an creideas a bh' air.</p>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.	<p>Tha ceist (reatoraigeach) aig an toiseach airson a thoirt ort beachdachadh mar a tha thu a' faireachdainn mun chuspair agus a bhith a' toirt ort a bhith a' faireachdainn searbh.</p> <p>Tha samhlaidhean - 'mar chnàimh gu cù/mar bhoinneag san lòn/"moraltachd air a shadail air falbh" a' togail air cho dona 's a tha an suidheachadh air sgàth 's gun robh Lance Armstrong cho ainmeil is soirbheachail agus a thuit cho fada ach tha esan dìreach na phàirt bheag den trioblaid agus a' toirt oirnn a bhith a' faireachdainn briseadh-dùil gu bheil cùisean air a dhol cho ceàrr.</p> <p>Tha na cromagan turach timcheall air 'An t-saoghal shaor' a' sealltainn gu bheil sinn buailteach a bhith a' smaoinichadh oirnn fhìn mar àite anns nach eil trioblaidean sam bith/àite a bhios a' seachnadh na rudan a tha a' dol fo ar comhair.</p> <p>Ath-aithris air "laigsean" gus sealltainn nach eil sinn riamh dol a dh'fhaighinn seachad orra - tha iad nam pàirt de nàdar mhic-an-duine agus gu bheil e sàraichte agus eu-dòchasach.</p> <p>Ath-aithris/liosta ceithir 'miann' a tha a' cur sios agus a' sealltainn fearg an sgrìobhadair a' tighinn gu àirde mun dòigh mar a tha rudan air fàs cho sanntach.</p>	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.	<p>Seo far a bheil cùisean a' tòiseachadh - aig aois òg “geama chloinne”/Tha clann a' dol a dh'fhàs suas ag ionnsachadh gur e buannachadh an aon rud a tha cudromach a dh'aindheoin an dòigh anns an dèan iad sin.</p> <p>Tha na pàrantan mar na coidsichean luth-chleasachd comannachd, a' putadh an cuid cloinne gu bhith soirbheachail aig prìs sam bith.</p> <p>An abairt/sean fhacal 'chì na big nì na big' - Tha an dol-a-mach aig pàrantan a' toirt droch eisimpleir don cuid cloinne agus mar sin chan eil e na iongnadh gu bheil iad ri cealgaireachd nuair a tha iad nan inbhich/an sàs ann an spòrs proifeiseanta.</p>	2	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.
12.	<p>Ìomhaigheachd: Tha ‘S iad na trì freumhan sin a nì cinnteach gum fàs spòrs’ a’ sealltainn mar a dh’fheumas bunait làidir a bhith ann mus tig adhartas air a’ chùis rudeigin a tha feumach air àrach agus dìon gus am fàs e gu fallain.</p> <p>‘cuiridh mi fhìn agus na milleanan eile cùl’ tha an ìomhaigh seo a’ sealltainn mar tha seo faireachdainn pearsanta agus an dàimh a tha aig daoine ri spòrs agus gun tèid a mhilleadh gu furasta.</p> <p>Stoidhle: Stoidhle pearsanta, làidir le liosta air a chleachdadh - tha esan eòlach air an t-suidheachadh thairis air ùine mhòr is tha na freagairtean aige a-nis ('s e a tha a dhìth oirnn ach saidheans cruaidh, riaghailtean cruaidh agus peanasan cruaidh).</p> <p>Tha e a’ dèanamh gairm ris na ‘riaghaltasan agus comainn spòrs’ rudeigin a dhèanamh agus a’ cur uallach orra.</p>	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>Tha e a' togail air 'mìorbhailean agus mealladh' a bha a' ruith tron artaigil gus sealltainn gu bheil an dà rud a' strì an aghaidh a chèile/iomradh air uaim far a bheil seo a' daingneachadh an dà thaobh a tha air a' chuspair - ceart agus ceàrr.</p> <p>Tha chiad ainm 'Lance' a' sealltainn a' bhuidh phearsanta a thug a' chuspair air agus nach eil e airson am briseadh-dùil sin fhulaing a-rithist/chan eil e airson daoine eile a bhith a' faireachdainn mar a bha luchd-leantainn Lance a' faireachdainn.</p> <p>Teachdaireachd: Tha e a' cur uallach air na h-ùghdarrasan gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil spòrs 'glan' gu 'galar' 'riaghaltasan agus comainn spòrs'.</p> <p>Tha e a' toirt rabhadh mura bi spòrs 'glan' gu bheil an cunnart ann gum bi e fhèin agus mòran dhaoine eile air an cur dheth 'cuiridh mi fhìn agus na milleanan eile cùl ri gnìomhachas'.</p>		

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]